

Cluinnidh tu prògram air Radio nan Gàidheal.

Pàirt 1

Tha e sia uairean. Na prìomh naidheachdan a-nochd le Aonghas Moireach:

Tha luchd-smàlaidh a' feuchainn ri teine a tha air a bhith a' gabhail air mòintich taobh siar Leòdhais a thoirt fo smachd. Tha an teine air a bhith a' dol bho thràth madainn an-diugh agus tha na poilis a' rannsachadh dè dh'adhbhraich e. Thàinig an teine gu math faisg air taighean mu mheadhan-latha agus b' fheudar dhan luchd-còmhnaidh gluasad às an dachaighean. Tha an t-sìde air a bhith glè thioram airson mìos agus tha na poilis a' toirt rabhadh do luchd-coiseachd, iasgairean agus croitearan gun a bhith a' lasadh theintean air a' mhòintich. Chaidh bàt-iasgaich fodha an ear air Obar Dheathain mu aon uair deug madainn an-diugh. Fhuair an sgioba air fios-èiginn a chur chun nam maor-chladaich mus deach am bàta fodha agus chaidh an togail às an uisge le heileacoptair. Tha an triuir anns an ospadal ann an Obar Dheathain ach chan eil iad air an droch leòn. Tha dùil gum faigh iad uile dhachaigh a-màireach. Chan eil fhios aig an ìre seo dè dh'adhbhraich an tubaist.

Thèid Mòd Nàiseanta na bliadhna seo fhosgladh anns an Òban a-nochd aig cruinneachadh ann an Talla a' Bhaile. Bheir Prìomh Mhinistear na h-Alba òraid seachad mun àite shònraichte a tha aig a' Ghàidhlig ann an Alba. Tòisichidh co-fharpaisean ciùil sa mhadainn a-màireach. Bidh co-fharpaisean seinn agus cànan a' tòiseachadh Diluain. Tha luchd-stiùiridh a' Mhòid air leth toilichte leis na h-àireamhan mòra a bhios a' gabhail pàirt anns na co-fharpaisean am-bliadhna.

Pàirt 2

Spòrs a-nis. Tha sgioba nàiseanta ball-coise na h-Alba gu bhith a' dol an aghaidh na h-Eadailt an ceann uair a thìde ann an Glaschu. Bidh sgioba Radio nan Gàidheal an làthair gus an gèam a thoirt thugaibh beò. Tha manaidsear na h-Alba an dùil ri gèam cruaidh ach tha e dòchasach gun toir an luchd-leantainn taic mhòr dha na cluicheadairean. 'S e gèam air leth cudromach a tha seo dhan dà sgioba 's iad co-ionann aig mullach na buidhne air seachd puingean.

An t-sìde a-nis. Bidh am bruthadh àrd a tha air a bhith thairis air ceann a tuath na h-Alba a' fuireach airson a dhà no thrì lathaichean eile. Bidh latha grianach eile air a' Ghàidhealtachd a-màireach 's an teas a' ruighinn sia-deug Celsius. Thig frasan troma a-steach gu ceann a deas na h-Alba sa mhadainn agus bidh i car sgòthach an sin a-màireach.

Sin na naidheachdan agus an t-sìde bhuamsa aig còig mionaidean an dèidh sia. Feasgar math dhiubh.